

EMMA LEITCH & CAITLIN MCNEILL – ÒRAN 1

A' Smuaintean Ort

Tha an t-òran seo a deilgeadh ri torr fhaireachdainnean. Toileachas, Eagal, Dòchas, Gaol. A bhi faireachdainn air chall, agus a bhi air do rèiteachadh a-rithist. Uaireannan, chan eil thu a' mothachadh gu bheil thu air chall, gus a bheil cuisean ag atharrachadh (is leasachadh a' tighinn air do beatha, le dòchas!).

Thinking of You

This song deals with many feelings. Happiness, Fear, Hope, Love. A feeling of being lost, and being found again. Sometimes, you don't realise you are lost, until things begin to change (hopefully for the better!).

Chunnaic mi thu àm dol fodha na grèine
Rinn thu gàire a-steach dhan a' cheò
Am priobadh mo shùil bha thu rim thaobh-sa
M' anail nam chrìdh' bha mi faireachdain...

Beò, beò, beò, 's mi bha faireachdain beò

Mus tàinig thu, luaidh a-steach dha mo bheatha
Bha mo chridhe cho falamh is m' inntinn fo bhròn
Thug thu adhbhar dhomh bhi riarichte annam
Dh'fhalbh mo dhraghan, mo nàire 's mo leòn.

Beò, beò, beò, 's mi bha faireachdain beò

Dh'fhuirich thu, luaidh, mo ghaol is mo leannan
An dòchas nach tionndadh mo bheatha a-rith's
Tha thu 'r ais anns a' cheò, àm laigh na grèine
Do bhòidhcheadh aig fois, tha mi sàsaicht' a-nis

Beò, beò, beò, 's mi tha faireachdain beò

Beò, beò, beò, sinn tha faireachdain beò